




# Baraidh Bèicear Mòr

## air an àrd-ùrlar



Gill agus Paul Hamlyn • Philippe Dupasquier

SANDBANK PR  
SANDBANK

# Baraidh Bèicear Mòr air an àrd-ùrlar



An teacsá Gill agus Paul Hamlyn  
Na dealbhan Philippe Dupasquier  
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR

## Caibideil 1

Bha Baraidh Bèicear Mòr agus a thriùir charaidean, Iòsaidh, Ealasaid agus Ruairidh, nan sudhe sa chlasrum.

Bha an tidsear, Mgr MacIlleDhuinn, air iarraidh orra stòraidh a dhèanamh dha. “Chan urrainn dhòmhsha smaoineachadh air stòraidh,” arsa Baraidh air a shocair.



2




Ach an uair sin thuirt Mgr MacIlleDhuinn, “Nis, cuiribh uile sìos ur peansailean agus coimheadaibh an seo. Tha mi a’ dol a dh’innse rudeigin dhuibh.” Choimhead a’ chlann air Mgr MacIlleDhuinn. “Tha sinn uile a’ dol dhan taigh-chluiche,” thuirt e. “Tha sinn a’ dol a choimhead a’ phantomaim, *Cinderella*. Tha litrichean agam an seo. Feumaidh sibh uile tè a thoirt dhachaigh agus faighneachd aig an taigh am faod sibh a dhol ann.”

3

“Nis, leanaibh oirbh le ur stòraidhean,”  
arsa Mgr MacIlleDhuinn.

“Bheil fios agaibh cò mu dheidhinn a bhios  
an stòraidh agamsa?” arsa Baraidh ri a  
charaidean.

“Cinderella,” thuirt iad uile còmhla.  
Rinn Baraidh Mòr gàire.




Fad an latha cha robh Baraidh ach  
a’ smaoineachadh air a dhol dhan  
taigh-chluiche.  
Chan fhaca e riamh pantomaim.  
Dh’fhaighnich e dha charaidean cò ris a bha  
e coltach. “Tha e èibhinn,” thuirt Iòsaидh.  
“Uaireannan faodaidh tu dhol suas air an  
àrd-ùrlar,” thuirt Ruairidh. Dh’fhàs  
Baraidh uabhasach sàmhach agus cha robh  
e ag ràdh smid.

On latha sin bha a' chlann a' bruidhinn  
air a' phantomaim gun squar.  
Rinn Iòsaidh, Ealasaid agus Ruairidh suas  
an stòraidh pantomaim aca fhèin, agus thuirt  
Mgr MacIlleDhuinn gum faodadh iad a dhol  
dhan talla agus a chur air dhan caraidean.  
“Cò tha airson tighinn air an àrd-ùrlar airson  
ar cuideachadh?” dh'fhaighnich Iòsaidh.  
Dh'fhàs Baraidh Mòr sàmhach a-rithist.



## Caibideil 2

Mu dheireadh thàinig latha a' phantomaim.  
Thàinig na màthraighean agus na  
h-athraighean uile chun na sgoile còmhla  
ris a' chloinn.  
Dh'fhuirich iad san raon-cluiche gus an tàinig  
na busaichean chun na sgoile. An uair sin  
chaidh a' chlann uile air bàrd nam busaichean.  
Smèid Baraidh Mòr, Iòsaidh, Ealasaid agus  
Ruairidh rim pàrantan nuair a bha na  
busaichean a' gluasad air falbh.





Shuidh Baraidh Mòr agus a charaidean anns an t-suidheachan cùil. Bha iad a' dèanamh mòran fuaim. Bha Iòsaidh, Ealasaid agus Ruairidh uile airson a dhol air an àrd-ùrlar.

“Tha mise airson seinn còmhla ri *Cinderella*,” arsa Ruairidh.

“Tha sinne airson suidhe ann an coidse *Cinderella*,” thuirt Iòsaidh agus Ealasaid.

Dh’fhàs Baraidh Mòr sàmhach agus cha tuirt e smid.

Cha b’ fhada gus an robh am bus aig an taigh-chluiche.

Bha i a’ fàs dorcha a-nis agus bha solais mhòra mun doras agus os a chionn.


Bha soidhne mòr ann ag ràdh,  
*Cinderella*.


“Siud e!” dh’èigh a’ chlann.



Thàinig a' chlann far a' bhus agus choisich iad gu sàmhach a-steach dhan taigh-chluiche. "Squiribh a phutadh!" arsa Mgr MacIlleDhuinn.

"Seallaidh mise dhuibh far an suidh sibh." Bha a' chlann anns a' chiad sreath. Shuidh Baraidh Mòr aig ceann na sreatha còmhla ri a charaidean.





Bha Iòsaidh, Ealasaid agus Ruairidh  
toilichte a bhith sa chiad sreath.

“Tha e math suidhe an seo oir chì sinn a  
h-uile rud,” ars Ealasaid.

“Agus gheibh sinn air an àrd-ùrlar ro  
chàch,” arsa Ruairidh.

Bha Baraidh Mòr sàmhach agus cha tuirt e  
smid.

## Caibideil 3

Chaidh na solais às gu h-obann.

Chaidh an cùrtair suas agus thòisich an  
còmhlan-ciùil a' cluich.

Bha am pantomaim a' tòiseachadh.

Bha a' chlann air bhoil.

Nuair a dh'èigh tè dhe na  
Peathraichean Grànda, “Ò, chan eil,”  
dh'èigh iadsan còmhla, “Ò, tha!” Bha iad  
a' gàireachdainn agus ag èigheach,  
a-rithist agus a-rithist.





An ceann greis thàinig na solais air a-rithist.  
“Cò tha ’g iarraidh reòiteag?” dh’fhaighnich  
Mgr MacIlleDhuinn.  
“Tha sinne, mas e ur toil e,”  
fhreagair a’ chlann.  
Thionndaidh Iòsaidh ri Baraidh agus thuirt i,  
“Saoil am bi sinn a’ dol air an àrd-ùrlar?”  
Dh’fhàs Baraidh uabhasach sàmhach  
a-rithist.

Dh’fhàs na solais fann a-rithist. Thàinig muime-sìthe *Cinderella* air an àrd-ùrlar.

“Tha sinn ag iarraidh cuideachadh,”  
dh’èigh i.

“Cò tha airson tighinn air an àrd-ùrlar  
còmhla rinn?”

Leum Iòsaidh, Ealasaid agus Ruairidh suas  
agus sìos.

“Cuidichidh mise! Cuidichidh mise!” dh’èigh  
iad uile.

Shuidh Baraidh Mòr gu sàmhach na  
shuidheachan.





Choimhead a' mhuime-sìthe air  
a' chloinn uile.

“Dè mun ghille ud na shuidhe aig ceann na  
sreatha?” dh’fhaighnich i. Choimhead iad  
uile air Baraidh.

“An tig thu air an àrd-ùrlar gus ar  
cuideachadh?” dh’fhaighnich  
a' mhuime-sìthe.

Phut Iòsaidh, Ealasaid agus Ruairidh  
Baraidh Mòr a-mach às an t-suidheachan  
agus shreap e gu mi-shunndach suas chun  
an àrd-ùrlair.

“S tu fhèin an gille airson ar cuideachadh,”  
ars a' mhuime-sìthe.  
Dh’fhàs aodann Bharaidh uabhasach  
dearg. An uair sin thug a' mhuime-sìthe e  
gu cùl na stèidse.



Shuidh Iòsaidh, Ealasaíd agus Ruairidh sìos.  
B' fheàrr leotha gun robh iad còmhla ri an  
caraid.

“Dè an ath rud a tha a’ tachairt?”  
dh’fhaighnich Ealasaíd.  
Cha b’ fhada gus an robh fios aice.


Bha Baraidh Mòr a’ tilleadh air an  
àrd-ùrlar agus bha a charaidean uile  
a’ gàireachdainn agus ag èigheach.  
’S e tè dhe na *Peathraichean Grànda* bha  
ann am Baraidh.





Smèid e ri a charaidean. Smèid iadsan air ais.  
Bha h-uile duine a' gàireachdainn agus ag  
èigheach.  
Thòisich Baraidh Mòr a' gàireachdainn an  
uair sin cuideachd agus bha am pantomaim  
a' còrdadh ris.

Bha Baraidh Mòr math na  
*Phiuthar Ghràndā* agus  
sheinn e òran còmhla  
ri *Cinderella*.



Shuidh e  
ann an coidse *Cinderella*.




Chaidh e chun  
an dannsa,



agus aig an deireadh  
thug *Cinderella*  
pòg dha.

Cha b' fhada gus an robh am pantomaim  
seàchad agus chaidh a' chlann air ais chun  
a' bhus.

Shuidh iad air a' bhus agus dh'fhuirich  
iad ri Baraidh. Chunnaic iad e  
a' coiseachd chun a' bhus còmhla ri  
Mgr MacIlleDhuinn. Bha cuideigin eile air  
an cùlaibh ach cha robh iad a' faicinn cò  
bha ann.



Thàinig Baraidh a-steach dhan bhus  
còmhla ri Mgr MacIlleDhuinn.

“Cuiribh meal-an-naidheachd air  
a' *Phiuthar Ghrànda*,” dh'èigh a  
charaidean ...

“Hip, hip, hoirèidh!

“Hip, hip, hoirèidh!

“Hip, hip, hoirèidh!”

Chunnaic iad an uair sin cò bha air cùlaibh  
Bharaidh Mhòir. "S e muime-sìthe  
*Cinderella* a th' ann," dh'èigh iad.  
"S i," thuirt i. "Agus seach gur e  
muime-sìthe choibhneil a th' annam,  
tha suiteis agam dhuibh uile."



Foillsichearan Foghlaim Heinemann  
Halley Court, Jordan Hill, Oxford OX2 8EJ  
earrann de Phoghlam agus Foillseachadh Proifeiseanta Reed Earr.

OXFORD MELBOURNE AUCKLAND  
IBADAN JOHANNESBURG BLANTYRE GABORONE  
PORTSMOUTH NH (USA) CHICAGO

© Gill agus Paul Hamlyn 1997

A' chìad fhoillseachadh 1997  
A' chìad fhoillseachadh sa Ghàidhlig 2005

A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

2005, 2004, 2003  
10 9 8 7

© na Gàidhlig Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Úghdarrasan a tha riochdaichte  
air MRG. Na còraichean uile glèidhite. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar seo  
ath-riochdachadh an cruth sam bith no an ðòigh sam bith gun chead ro-làimh bho  
Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair.

Data Catalogadh ann am Foillseachadh an Leabharlann Bhreatainn  
Gheibhearr clàr-catalogaidh airson an leabhair seo bho Leabharlann Bhreatainn.

Tha Gill agus Paul Hamlyn a' dleasadh còir mhoralta airson a bhith air an comharrachadh  
mar ùghdaran na h-obrach seo.

Clò-bhuailte le Scotprint, Haddington.

LAGE/ISBN 0 86152 699 6